

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 15 (which corresponds to Litir 319). Ruairidh would welcome feedback on An Litir Bheag from listeners/readers. He can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

Bha mi a' bruidhinn an t-seachdain sa chaidh mun òran *Mo Rùn Geal Òg*. Carson? Uill, tha an t-òran sin ann an leabhar ùr. 'S e an t-ainm a th' air an leabhar *Òrain nan Rosach: a Collection of Gaelic Songs from Ross-shire*. 'S e leabhar air leth math a th' ann. 'S i Fiona NicCoinnich a chuir ri chèile e. Tha Fiona a' fuireach ann an Inbhir Pheofharain. Tha Inbhir Pheofharain ann an Siorrachd Rois.

Seo òran eile a th' anns an leabhar sin – *Òran a' Choilich*. Chan eil e cho brònach ri *Mo Rùn Geal Òg*. Chan eil idir. Tha e mu dheidhinn tachartas ann am baile beag. 'S e An Àird Dhubh an t-ainm air a' bhaile. Tha e air cladach na Comraich. Bha cuid de na sinnsearan agam fhìn às a' bhaile sin. Seo agaibh an t-sèist:

*Bha Gog! Gog! Gog! aig a' choileach ghlas a-raoir
Bha Gog! Gog! Gog! aig a' choileach fad na h-oidhch'
Cha robh creutair anns a' bhaile
Nighean òg no bean no cailleach
Nuair bu chòir dhaibh bhith nan cadal
Nach robh mach nan aodach oidhch'.*

A bheil sibh a' tuigsinn dè bha a' cur dragh air muinntir a' bhaile? Bha an coileach glas a' dèanamh fuaim mòr air an oidhche. Fad na h-oidhche, gu dearbh. Cha robh muinntir a' bhaile a' faighinn cadal ceart. Bha iad a-muigh nan aodach oidhche. Seo an t-sèist a-rithist:

*Bha Gog! Gog! Gog! aig a' choileach ghlas a-raoir
Bha Gog! Gog! Gog! aig a' choileach fad na h-oidhch'
Cha robh creutair anns a' bhaile
Nighean òg no bean no cailleach
Nuair bu chòir dhaibh bhith nan cadal
Nach robh mach nan aodach oidhch'.*

A bheil sibh fhèin a' fuireach ann an àite far a bheil coilich a' dèanamh fuaim? No a bheil càraichean a' cur stad oirbh bho bhith a' faighinn cadal? No a bheil sibh a' faighinn cadal math gach oidhche?

'S e Donnchadh MacCoinnich a sgrìobh *Òran a' Choilich*. Bha Donnchadh na bhàrd-baile. Bhuineadh e don Chomraich. Chuala e an

sgeulachd mun choileach aig cuideigin às an Àird Dhuibh. Agus sgrìobh e an t-òran an uair sin. Tha an t-òran gu lèir anns an leabhar aig Fiona NicCoinnich.

* * * * *

Faclan is abairtean: bha mi a' bruidhinn an t-seachdain sa chaidh: *I was speaking last week*; Mo Rùn Geal Òg: *my fair young love*; 's e leabhar air leth math a th' ann: *it is an excellent book*; 's i Fiona NicCoinnich a chuir ri chèile e: *it is Fiona Mackenzie who put it together*; tha Inbhir Pheofharain ann an Siorrachd Rois: *Dingwall is in Ross-shire*; brònach: *sad*; 's e An Àird Dhubh an t-ainm air a' bhaile: *Ardubh is the name of the village*; cladach na Comraich: *the shoreline of Applecross*; bha cuid de na sinnsearan agam fhìn às a' bhaile sin: *some of my own ancestors were from that village*; seo agaibh an t-sèist: *here [for you] is the chorus*; glas: *grey*; cha robh creutair anns a' bhaile: *there was nobody in the village*; nuair bu chòir dhaibh bhith nan cadal: *when they should have been asleep*; nach robh [a-]mach nan aodach oidhch': *that wasn't out in their nightclothes*; dè bha a' cur dragh air muinntir a' bhaile: *what was annoying the people of the village*; fad na h-oidhche, gu dearbh: *all night long, indeed*; far a bheil coilich a' dèanamh fuaim: *where cockerels make noise*; a bheil càraichean a' cur stad oirbh?: *do cars stop you?*; bho bhith a' faighinn cadal: *from getting sleep*; bha Donnchadh MacCoinnich na bhàrd-baile: *Duncan Mackenzie was a village bard*; bhuineadh e don Chomraich: *he belonged to Applecross*; chuala e an sgeulachd mun choileach: *he heard the story about the cockerel*; an t-òran gu lèir: *the entire song*.